




The Scottish Parliament  
Pàrlamaid na h-Alba

# A'phàrlamaid agad ri h-obair



## Dè a tha a' tachairt ann am Pàrlamaid na h-Alba?

Is e Pàrlamaid na h-Alba an t-àite sam bith Buill Phàrlamaid na h-Alba (BPA) gad riochdachadh anns na cùisean a tha cudromach dhut. Am measg obair eile, bidh iad a' deasbad, a' beachdachadh air molaidhean airson laghan, a' rannsachadh agus a' ceasnachadh bhuill Riaghaltas na h-Alba.

### Dè a th' ann an Riaghaltas na h-Alba?

Is e Riaghaltas na h-Alba buidheann fa-leth bho Phàrlamaid na h-Alba suidhichte ann an togalaichean eile. Is àbhaist dha bhith air a chur ri chèile leis a' phàrtaidh phoilitigeach no còmhlan phàrtaidhean as motha a th' air an riochdachadh sa Phàrlamaid.

Is e ceannard Riaghaltas na h-Alba am **Prìomh Mhinistear**, a bhios a' taghadh:

- **Rùnairean Caibineit**, a tha an urra raointean poileasaidh sònraichte
- **Mhinistearan**, a tha ag obair còmhla ris na Rùnairean Caibineit
- **Oifigearan Lagha**, who are the chief legal advisers to the Scottish Government

a tha nam prìomh chomhairlichean laghail do Riaghaltas na h-Alba. Is e an dreuchd aig Riaghaltas na h-Alba a bhith a' ruith na dùthcha agus a' suidheachadh poileasaidh air cùisean fo uallach Phàrlamaid na h-Alba (ris an canar gnothaichean tiomnaichte).

Tha dleastanas air BPA dearbhadh gu bheil Riaghaltas na h-Alba a' gnìomhachadh air do leas.

### Faigh fiosrachadh

Tha Pàrlamaid na h-Alba an urra grunn raointean poileasaidh, nam measg sin, slàinte, foghlam agus ceartas. Cha ghabh dèiligeadh ri gnothaichean eile, leithid in-imrich, ach le Pàrlamaid na RA. Faigh tuilleadh fios san earrann "**Mar a tha a' phàrlamaid ag obrachadh**" air an làrach-lìn againn.



# Ciamar a bhios na BPA agad ag obair dhut ann am Pàrlamaid na h-Alba?

## Glusadan agus deasbadan

Is urrainn do BPA glusadan pàrlamaideach a chur a-steach gus aire a thogail mu chùis no cùrsa gnìomha a mholadh. Bidh cuid de na glusadan seo air an deasbad san t-Seòmar Mhòr. Rè dheasbadan, bidh an t-Oifigear-riaghlaidh – a tha os cionn coinneamhan san t-Seòmar – a' feuchainn ri cothrom na Fèinne a thoirt do gach BPA a tha ag iarraidh bruidhinn ann.

Bidh a' mhòr-chuid de dheasbadan a' buntainn ri gnothaichean fo chùram nàiseanta, ach gheibhear deasbadan gnothaich aig Buill ann cuideachd, far an tèid aig BPA mion-bheachd a thoirt air cùis ionadail.



## Ceistean

Bidh BPA a' cur ceistean air Riaghaltas na h-Alba gus fiosrachadh a shireadh agus a chumail cunntachail airson na rinn e. Tha dà sheòrsa ceist ann:

### ○ Ceistean sgrìobhte

Tha iad seo nan deagh dhòigh aig BPA air fiosrachadh mionaideach fhaighinn.

### ○ Ceistean beòil

Bidh BPA a' cur nan ceistean seo san t-Seòmar, mar eisimpleir, aig Ceistean a' Phrìomh Mhinistear. Thèid teacsa ceistean beòil fhoillseachadh romhpa, ach chan eil fios aig buill Riaghaltas na h-Alba air dè na ceistean a bharrachd a thèid an cur. Bheir seo comas do BPA air dùbhlán a thoirt don riaghaltas ann an dòigh nas dhìriche.

### Gabh gnothach riutha

Bidh BPA a' cur ceistean 's a' bruidhinn ann an deasbadan às do leth. Ma bhios cùis ann a bu toil leat togail, gheibhear a-mach cò na BPA agad agus ciamar a chuireas tu fios thuca le **inneal-luirg nan còdan-puist** air an làrach-lìn againn.

### Faigh fiosrachadh

Tha an clàr-sgrìobhte de na chaidh a ràdh sa h-uile deasbad is seisean àm nan ceist (ris an canar an Aithisg Oifigeil) agus teacsa nan ceistean is freagairtean sgrìobhte uile rim faotainn san earrann **Gnothaichean Pàrlamaideach** air an làrach-lìn againn.

## Rannsachadh nan comataidhean

Bidh BPA a' tighinn cruinn còmhla gu riaghailteach ann am buidhnean beaga ris an canar comataidhean gus coimhead air dè a rinn Riaghaltas na h-Alba ann an raon-cuspair àraidh agus dè a ghabhadh leasachadh. Tha pàirt chudromach aig comataidhean air Riaghaltas na h-Alba a chumail cunntachail.

Tha rannsachadh na dhòigh aig comataidh air mion-shùil a thoirt air cùis àraidh. Rè rannsachaidh, is urrainn do chomataidh a bhith a' gairm airson bheachdan, a' cumail tachartasan com-pàirteachaidh, a' falbh air tursan rùn-rannsachaidh, agus a' ceasnachadh buill Riaghaltas na h-Alba agus dhaoine is bhuidhnean eile.

### Gabh gnothach ris

Tha an compàirteachas agadsa na phàirt chudromach den phròiseas rannsachaidh. Is urrainn dhut:

- do bheachdan a sgrìobhadh thuca no gabhail pàirt ann an tachartasan is suirbhidhean air-loidhne
- ath-chuinge a chur gu Comataidh nan ath-chuingean poblach, rud a dh'fhaodadh rannsachadh no deasbad adhbharachadh san t-Seòmar
- leantainn orra agus conaltradh ri comataidhean air Twitter
- bhith an làthair aig coinneamh comataidh (tha a' mhòr-chuid air an cumail gu poblach) no coimhead oirre air-loidhne

i

### Faigh fiosrachadh

Tha a duilleagan fhèin aig gach comataidh air an làrach-lìn againn, le mion-fhios air dè a tha dol, agus ciamar a rachar an-sàs ann: [parliament.scot/committees](http://parliament.scot/committees)



## Reachdas

Bidh a' mhòr-chuid de na molaidhean airson laghan ùra (ris an canar bilean) a' tighinn bho Riaghaltas na h-Alba. Is urrainn do BPA fa leth agus comataidhean bilean a thoirt a-steach cuideachd, agus dh'fhaodadh iad buntainn ri cùis air a comharrachadh leatsa mar tè dom feumar an aire a thoirt.

Bidh BPA an uairsin:

- a' co-dhùnadh a bheil bile a dhìth no nach eil
- a' sgrùdadh ciamar a dh'fhaodar leasachadh a thoirt air gach bile
- a' co-dhùnadh am bu chòir dha dol na lagh no nach bu chòir

Is urrainn don a h-uile BPA a bhith a' gabhail pàirt ann an deasbadan air bilean san t-Seòmar, a' moladh atharraichean (ris an canar mion-leasachaidhean) air bilean agus a' gabhail pàirt sa cho-dhùnadh a thaobh co-dhiù an aontaichear bile no nach aontaich. Bidh iad cuideachd ri obair chudromach ann an comataidhean, a' toirt sùil gheur air dè a th' air a mholadh, ciamar a thèid a choileanadh agus air mion-leasachaidhean a th' air am moladh.

### Gabh gnothach ris

Faodaidh an cur a-steach agad diofar mòr a dhèanamh air reachdas. Is urrainn dhut:

- do bheachdan a thoirt nuair a nì comataidh gairm airson fianais mu bhile
- fios a chur gu BPA gus atharraichean air bilean a tha fo làimh a mholadh

i

### Faigh fiosrachadh

Is urrainn dhut bilean làithreach a tha a' dol tron Phàrlamaid a leantainn air duilleag nam **Bilean** air an làrach-lìn againn.



## Am buidseat

Mar riochdairean dhut, tha dleastanas air BPA dearbhadh gu bheil an t-airgead agad ga chosg gu glic le Riaghaltas na h-Alba.

Gach foghar, suidhichidh Riaghaltas na h-Alba a mholaidhean san dreachd buidseit a thaobh caiteachais is chìsean airson an ath-bhliadhna ionmhasail. Bidh BPA a' sgrùdadh seo ann an comataidhean agus san t-Seòmar. Is urrainn don Phàrlamaid atharraichean don dreachd buidseit a mholadh, air chumha nach cuir iad seo cosgaisean iomlan am meud.

Bheir Riaghaltas na h-Alba an uairsin Bile a' Bhuidseit a-steach san Fhaoilleach. Chan fhaod am bile seo dol na lagh mur aontaich BPA ris.

### Gabh gnothach ris






Is urrainn dhut guth a thogail mu chaiteachas poblach is cìsean le bhith a' cur nam beachdan agad mun dreachd buidseit gu comataidhean.

### Faigh fiosrachadh




Bidh Pàrlamaid na h-Alba a' faighinn tuilleadh chumhachdan cìse san ùine bheag ri tighinn.



### Cumhachdan cìse làithreach:

-  Reataichean gnothachais
-  Cìs na comhairle
-  Cìs mhalairt fearainn is nan togalaichean
-  Cìs an sgudail-làraich
-  Reat Albannach cìs an teachd a-steach

### Cumhachdan cìse ùra rin tighinn:

-  Tuilleadh chumhachdan cìs an teachd a-steach bho 2017/18
-  Cìs luchd-siubhail adhair
-  Cìs nan agragaidean

## Cùm suas ri gnothaichean na Pàrlamaid

- Cuir d' ainm ris a' **chuart-litir** againn 'This Week in the Scottish Parliament'.
- Coimhead air a' **Business Bulletin** airson fios mu gnothaichean pàrlamaideach, nam measg, coinneamhan an t-Seòmair is nan comataidhean.
- Leugh **an Aithisg Oifigeil**.
- Coimhead air **Parliament TV** no air an t-seanail YouTube againn.
- Lean Pàrlamaid na h-Alba agus comataidhean air Twitter.
- Glèidh tiogaidean gus coimhead air coinneamhan an t-Seòmair no nan comataidhean tro Sheirbheisean Luchd-tadhail:



0800 092 7600 / 0131 348 5200



visit@parliament.scot

# Seirbheisean Fiosrachaidh a' Phobail

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu Phàrlamaid na h-Alba agus a cumhachdan, cuir fios thugainn.



[parliament.scot/live-chat](https://parliament.scot/live-chat)



0800 092 7500 no 0131 348 5000  
0131 348 5395 (Gàidhlig)

Faodar fios a chur thugainn le bhith cleachdadh na seirbheis-fòn, Text Relay, no ann an Cànan Soidhnidh Bhreatainn tro [contactSCOTLAND-BSL](#).



[gaidhlig@parliament.scot](mailto:gaidhlig@parliament.scot)



Pàrlamaid na h-Alba  
Dùn Èideann, EH99 1SP



[parliament.scot/contact](https://parliament.scot/contact)



Ma tha fiosrachadh a dhìth ort ann an cruth no cànan eile, cuir fios thugainn.

Gus faighinn a-mach mar a bhios sinn a' làimhseachadh an fhiosrachaidh agad, faic [www.parliament.scot/dataprotection](https://www.parliament.scot/dataprotection)